




# Teine sa Choille Chiar



# Teine sa Choille Chiar



An teacsa Wes Magee  
Dealbhan Val Biro  
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Bha dà dhràgon bheag ann, Nesta agus Ned.  
Aon là sgèith iad air falbh dhan Choille Chiar.  
Chunnaic iad an Dràgon Mòr Dona  
anns a' Choille Chiar.



Bha an Dragon Mòr Dona crosta.

“Nì mise teine sa Choille Chiar,” thuirt e.

Shèid e teine air an fheur.

Shèid e teine air na craobhan.



Bha a' Choille Chiar na teine.  
Chunnaic Nesta agus Ned an teine.  
“Cuiridh sinn stad air an Dràgon Mhòr  
Dhona,” arsa Nesta.



“Stad!” dh’èigh Nesta.

“Stad!” dh’èigh Ned.

Ach cha do stad an Dràgon Mòr Dona.

Shèid e teine air Nesta agus air Ned.



Sgèith Nesta agus Ned air falbh.

Sgèith iad chun nan damhan-allaidh.

“Am faigh sinn an lìon agaibh?” thuirt Nesta.

“Gheibh,” thuirt na damhain-allaidh.



Chuir Nesta agus Ned an lìon  
eadar na craobhan.

Chunnaic an Dràgon Mòr Dona an lìon.

“Dè tha sin?” thuirt an Dràgon Mòr Dona.

“Trohad gum faic thu,” dh’èigh Ned.



Ruith an Dràgon Mòr Dona a-steach dhan lìon.  
Thuit an lìon air an Dràgon Mhòr Dhona.  
“Cuidich mi! Cuidich mi!” dh’èigh e.



“Ghlac sinn e!” thuirt Nesta.

“Ghlac sinn e!” thuirt Ned.

Bha an Dràgon Mòr Dona uabhasach  
feargach.



Rug Nesta agus Ned air an lìon.

“Trohad a-nis, a Dhràgoin Mhòir,” thuirt iad.

“Thalla dhachaigh!”



Sgèith Nesta agus Ned air falbh leis an  
Dràgon Mhòr Dhona.

Sgèith iad chun a' Chaisteil Sheunta.



“Sìos an sin thu!” thuirt Nesta agus Ned.

Agus thuit an Dràgon Mòr Dona sìos,

sìos,

sìos.